































































Buil Mhiannaichte	<b>Trusadh</b> A' Ghàidhlig ainmichte mar sgil riatanach agus/no miannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am Plana Gàidhlig a libhrigeadh agus ann an co-rèir ri comhairle trusaidh Bhòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach	Tha sinn air ar modh-obrach leis an seo ath-sgrùdadh mar a chaidh iarraidh, ach chan eil sinn air dreuchdan sam bith a chomharrachadh gu ruige seo, do am biodh Gàidhlig riatanach no miannaichte.
Gnìomhan Riatanach	Gnìomh – Cuir Gàidhlig a-steach mar sgil mhiannaichte ann am pàipearan trusaidh coitcheann na Comhairle. Ceann-latha - 2021 Dleastanas – Na seirbheisean uile
Buil Mhiannaichte	<b>Trusadh</b> Sanasan obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin do dhreuchdan uile far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil a leithid sin de dhreuchd air a comharrachadh fhathast.
Gnìomhan Riatanach	Gnìomh – Ma chomharraicheas sinn dreuchdan do bheil Gàidhlig na sgil riatanach, bidh na sanasan obrach dà-chànanach. Ceann-latha – Nuair a thèid dreuchd mar sin a shanasachadh. Dleastanas – Goireasan Daonna, taobh a-staigh Sheirbheisean Corporra

## CORPAS NA GÀIDHLIG

Buil Mhiannaichte	<b>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</b> Thèid an Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire a leantainn a thaobh nan stuthan sgrìobhte uile, a thèid a thoirt gu buil.
Cleachdadh Làithreach	Tha gealltanas sa chiad eagraan den Phlana Ghàidhlig againn gun cùm Comhairle Baile Dhùn Dè ri gnàthachas litreachaidh na Gàidhlig.
Gnìomhan Riatanach	Gnìomh – Ath-dhaingnich an gealltanas a th' ann. Ceann-latha – Nuair a bhios na stuthan gan toirt gu buil Dleastanas – Na seirbheisean uile
Buil Mhiannaichte	<b>Ainmean-àite</b> Thathar a' sireadh agus a' cleachdadh na comhairle mu ainmean-àite bho Ainmean-Àite na h-Alba.
Cleachdadh Làithreach	Tha gealltanas sa chiad eagraan den Phlana Ghàidhlig againn na seirbheisean aig Ainmean-Àite na h-Alba a chleachdadh airson stiùireadh mu ainmean àiteachan.
Gnìomhan Riatanach	Gnìomh – Ath-dhaingnich an gealltanas a th' ann Ceann-latha – Uair sam bith a bhios feum air stiùireadh Dleastanas – Na seirbheisean uile

## 4. Ceanglaichean gun Fhrèam Coileanadh Nàiseanta

Cuidichidh na dealasan sa Phlana Ghàidhlig seo le prìomhachasan an Fhrèam Coileanadh Nàiseanta a leanas, adhartachadh:

- **Clann agus daoine òga** - tha sinn a' fàs suas gràdhaichte, sàbhailte agus urramaichte gus an coilean sinn ar làn chomais.
- **Coimhearsnachdan** - tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdaichte, fulangach agus sàbhailte.
- **Cultar** - tha sinn cruthachail agus tha ar cultaran beòthail is eadar-mheasgte air an cur an cèill agus air am meas gu farsaing.
- **Eaconamaidh** - tha eaconamaidh fharpaiseach gu cruinneil, tionnsgaineach, in-ghabhalach agus seasmhach againn.
- **Foghlam** - tha sinn air ar deagh oideachadh, sgileil agus comasach air cur ris a' cho-chomann.
- **Còraichean Daonna** - sinn a' toirt spèis, a' dìon agus a' coileanadh chòraichean daonna agus beò is sinn saor bho leth-breith.

Gheibhear fiosrachadh mionaideach mun Fhrèam Coileanadh Nàiseanta aig <https://nationalperformance.gov.scot/>

## 5. Ceanglaichean gu Frèaman Ionadail is Roinneil

Plana Baile Dhùn Dè – tha am Plana Leasachaidh Buil Ionadail air a leasachadh le Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Dhùn Dè, a' gabhail a-steach lèirsinn de Dhùn Dè:

- Eaconamaidh baile làidir agus seasmhach a sholaraidheas obraichean do mhuintir Dhùn Dè, a' gleidheadh barrachd cheumnaichean, agus a' dèanamh a' bhaile tarraingeach do thàlant ùr.
- A' tabhann fìor roghainn agus cothrom ann am baile-mòr a tha air dèiligeadh ri adhbharan freumhach às-dhùnaidh sòisealta agus eaconamach, a' cruthachadh coimhearsnachd a tha fallain, sàbhailte, misneachail, foghlamaichte agus cumhachdaichte.
- Baile-mòr a bhios beòthail agus tarraingeach le càileachd beatha a tha sàr-mhath, far an roghnaich daoine a bhith a' fuireach, ag ionnsachadh, ag obair agus a' tadhal.

Cuiridh na dealasan sa phlana seo a dh'ionnsaigh na lèirsinn sin a choileanadh.

Thèid tuilleadh obrach a dhèanamh rè cùrsa a' phlana seo gus ceanglaichean gu Caidreachasan Leasachaidh Roinneil agus Planaichean Inbheistidh Sgìlean Roinneil a thaisbeanadh mar phàirt de ar dealas a thaobh comas co-obrachaidh air Gàidhlig a rannsachadh, le ùghdarrasan ionadail.













